



curraicealam airson sàr-mhathais:
saidheansan
eòlasan agus builean

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Saidheansan

Eòlasan agus builean

Tha frèam nan saidheansan a' solarachadh raon de dhiofar shuidheachaidhean airson ionnsachadh a bhios a' tarraing air taobhan cudromach de bheatha agus de obair bho latha gu latha.

Bheir ionnsachadh anns na saidheansan comas dhomh:

- fiosrachadh agus tuigse mun àrainneachd a thoirt air adhart, agus mum àite fhìn anns an t-saoghal bheò, stuthach agus chorporra
- eòlas agus tuigse thèarainte a shealltainn mu smuaintean agus bun-bheachdan mòra nan saidheansan
- sgilean a thoirt air adhart airson ionnsachadh, beatha agus obair
- sgilean ceasnachaidh agus rannsachaidh saidheansail a thoirt air adhart, a' cleachdadh mhodhan practaigeach
- sgilean a thoirt air adhart ann an cleachdadh fìor-cheart air cànan saidheansail, foirmlean agus co-aontaran
- tomhaisean sàbhailteachd a chur an gnìomh agus na gnìomhan riatanach a chur an cèill airson smachd a chumail air cunnartan agus gàbhaidhean
- a' bhuidhe aig saidheansan air mo bheatha aithneachadh, air beatha dhaoine eile, air an àrainneachd agus air a' choimhearsnachd
- àite cruthachalachd agus innleachdas aithneachadh ann an adhartas nan saidheansan
- tuigse mu stòras a' Chruinne-cè a thoirt air adhart agus an fheum air an làimhseachadh gu h-earbsach
- beachdan a chur an cèill agus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu chùisean sòisealta, moralta, beusanta, eaconamach agus àrainneachdail, stèidhichte air tuigse earbsach
- fàs mar shaoranach litearra gu saidheansail le ùidh fad-beatha anns na saidheansan
- bunait a stèidheachadh airson ionnsachadh nas adhartaiche, agus dhreuchdan sna saidheansan agus sna teicneòlasan san àm ri teachd.

An Talamh

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Bith-iomadachd agus eadar-eisimeileachd</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh iomadachd shaidhbhir agus chaochlaideach nithean a tha beò, agus a' toirt air adhart an tuigse mun cheangal a tha eadar fàs-bheairtean aig ìre ionadail agus chruinneil. Le bhith a' rannsachadh eadar-obrachadh agus sruthadh lùth eadar planntais agus beathaichean (a' gabhail a-steach dhaoine), bidh luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an tuigse mun mar a tha gnèithean an eisimeil a chèile agus na h-àrainneachd airson soirbheachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh nam feartan aig a bheil buaidh air fàs planntais agus a' toirt air adhart an tuigse mun bhuaidh dhearbhadh agus àicheil a tha aig an t-sluagh dhaonna air an àrainneachd.</p>	<p>Tha mi air a bhith a' sealltainn ri nithean a tha beò san àrainneachd thar ùine, agus tha mi a' fàs mothachail air mar a tha iad an eisimeil a chèile.</p> <p>SCN 0-01a</p>	<p>'S urrainn dhomh dealachadh a dhèanamh eadar nithean a tha beò agus nithean nach eil. 'S urrainn dhomh nithean beò a sheòrsachadh ann am buidhnean agus mo cho-dhùnaidhean a mhineachadh.</p> <p>SCN 1-01a</p>	<p>'S urrainn dhomh eisimpleirean de nithean a tha beò aithneachadh agus a sheòrsachadh, a-nis agus san àm a dh'fhalbh, gus mo chuideachadh airson sùim a ghabhail nan iomadachd. 'S urrainn dhomh feartan corporra agus fèin-ghiùlaineach a cheangal ri iad a bhith a' fuireach beò no a' dol à bith.</p> <p>SCN 2-01a</p>	<p>'S urrainn dhomh nithean a tha beò bho dhiofar àrainnean a shampalladh agus aithneachadh, airson coimeas a dhèanamh eadar am bith-iomadachd, agus 's urrainn dhomh adhbharan a thoirt seachad airson an sgaoididh.</p> <p>SCN 3-01a</p>	<p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha gnèithean bheathaichean agus phlanntais an eisimeil a chèile, agus mar a tha nithean a tha beò air an atharrachadh airson fuireach beò. 'S urrainn dhomh ro-innse buaidh meudachadh àireamh-sluaigh agus gabhaidhean nàdarraich air bith-iomadachd a ro-innse.</p> <p>SCN 4-01a</p>
	<p>'S urrainn dhomh eisimpleirean de shèinichean bìdh a rannsachadh agus tuigse a shealltainn mu mar a tha beathaichean agus planntais an eisimeil a chèile airson biadh.</p> <p>SCN 1-02a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas a chleachdadh air an eadar-obrachadh agus an t-sruth lùth eadar planntais agus beathaichean ann an eag-shiostaman, sèinichean bìdh agus lìn. Tha mi air cur ri dealbhadh no glèidhteachas raon fiadh-bheatha.</p> <p>SCN 2-02a</p>	<p>Tro bhith a' cur an cèill ghnìomhan practaigeach agus rannsachaidhean, 's urrainn dhomh sealltainn mar a tha planntais air buannachd a thoirt don choimhearsnachd.</p> <p>SCN 2-02b</p>	<p>Tha mi air co-obrachadh ann an rannsachaidhean mu phròiseas foto-cho-chur agus 's urrainn dhomh mo thuigse mun adhbhar a tha planntais cudromach do sheasmhachd beatha air an Talamh a shealltainn.</p> <p>SCN 3-02a</p>	<p>Tha mi air a bhith a' togail agus a' fàs phlanntais, a' cleachdadh measgachadh de dhiofar dhòighean. 'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar na dòighean sin agus mo thuigse a thoirt air adhart mu am feum mhalairteach.</p> <p>SCN 4-02a</p>

An Talamh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Bith-iomadachd agus eadar-eisimeileachd (a' leantainn)</p>	<p>Chuidich mi le planntais fhàs agus 's urrainn dhomh na pàirtean bunaiteach ainmeachadh. 'S urrainn dhomh labhairt mu mar a tha iad a' fàs agus na dh'fheumas mi a dhèanamh airson coimhead às an dèidh.</p> <p>SCN 0-03a</p>	<p>'S urrainn dhomh cuideachadh le deuchainnean a dhealbhadh airson faighinn a-mach na tha a dhìth air planntais airson fàs agus a thighinn air adhart. 'S urrainn dhomh amharc agus mo thoraidhean a chlàradh, agus, air sgàth na dh'ionnsaich mi 's urrainn dhomh planntais fhallain fhàs san sgoil.</p> <p>SCN 1-03a</p>	<p>Tha mi air a bhith a' co-obrachadh ann an dealbhadh rannsachadh air buaidh thodharan air fàs planntais. 'S urrainn dhomh beachd fiosraichte a chur an cèill mu na cunnartan agus mu na buannachdan a tha an lùib a bhith gan cleachdadh.</p> <p>SCN 2-03a</p>	<p>Tro rannsachaidhean, agus stèidhichte air fianais dheuchainnean, 's urrainn dhomh na diofar sheòrsaichean cheimigeach ann an àiteachas a chleachdadh, agus an eadar-roghainnean a mhineachadh. 'S urrainn dhomh a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aca air toradh biadh an t-saoghail a luachadh.</p> <p>SCN 3-03a</p>	<p>Tro rannsachadh na cuairt naitridein agus luachadh nan toraidhean bho dheuchainnean practaigeach, 's urrainn dhomh moladh a dhèanamh mu thodhar, le cunntas air a bhuidhe air an àrainneachd.</p> <p>SCN 4-03a</p>

An Talamh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Bunan lùth agus seasmhachd</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh seòrsaichean, bunan agus cleachdadh lùth agus a' toirt air adhart an tuigse mu mar a tha lùth air aiseag agus air a ghleidheadh. Tha iad a' smaoinichadh mu bhuntanas nam bun-bheachdan sin a thaobh beatha làitheil. Tha iad a' rannsachadh nàdar agus seasmhachd bhunan lùth, a' bruidhinn mu bhuannachdan agus a' meas nan cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann, airson beachd fiosraichte mu chleachdadh lùth ann an dòigh earbsach.</p>	<p>Chuir mi eòlas air, agus chleachd mi, raon farsaing de dhèideagan agus de uidheaman cumanta agus rinn mi iomradh orra. 'S urrainn dhomh a ràdh 'dè tha gan cur a dhol' agus innse dè tha iad a' dèanamh nuair a bhios iad ag obair.</p> <p style="text-align: right;">SCN 0-04a</p>	<p>Tha mi mothachail air diofar sheòrsaichean lùth mun cuairt orm agus 's urrainn dhomh an cudromachd a thaobh beatha làitheil agus a thaobh mo shoirbheachaidh fhìn a shealltainn.</p> <p style="text-align: right;">SCN 1-04a</p>	<p>Le bhith a' beachdachadh air eisimpleirean far a bheil lùth air a ghleidheadh, 's urrainn dhomh am bun lùth aithneachadh, mar a tha e air aiseag, agus dòighean air call lùth a lùghdachadh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-04a</p> <p>Tro bhith a' rannsachadh bhunan lùth nach gabh ùrachadh, 's urrainn dhomh innse mu mar a tha iad air an cleachdadh ann an Alba an-diugh, agus beachd fiosraichte a chur an cèill mu na buaidhean a thaobh an cleachdadh san àm ri teachd.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-04b</p>	<p>'S urrainn dhomh foillseachadh m' eòlas air na dòighean sa bheil teas ga ghluasad eadar nithean fuar agus teth, agus giùlaineachd thearmach stuthan, airson piseach a thoirt air èifeachdas lùth ann an togalaichean no ann an siostaman eile.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-04a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh bhunan lùth ath-nuadhachail, agus a' gabhail pàirt ann an gnìomhan practaigeach airson an cur gu feum, 's urrainn dhomh bruidhinn mu am buannachdan, agus mu thrioblaidean a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte riutha.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-04b</p>	<p>Le bhith a' cur ri rannsachadh mu dhòighean air feuman na coimhearsnachd a shàsachadh, 's urrainn dhomh beachd soilleir a chur an cèill mu chunnartan agus mu bhuannachdan bhunan lùth, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha air an dèanamh bho phlantrais.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-04a</p> <p>Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh fàs agus cleachdadh chonnaidhean fosail a mhineachadh, agus cur ri còmhraidh mu chleachdadh earbsach agus glèidhteach mu ghoireasan air an tig crìoch.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-04b</p>
				<p>Is urrainn dhomh anailis a dhèanamh air mar as urrainn dòigh beatha buaidh a thoirt air an àrainneachd agus air stòrasan na Cruinne agus molaidhean a dhèanamh mu bhith beò ann an dòigh nas seasmhaich.</p> <p style="text-align: right;">TCH 2-06a</p>	

An Talamh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Pròiseasan na planaid</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh staidhean atharrachail stuth agus na pròiseasan corporra agus ceimigeach aig a bheil buaidh air àile agus cuantan a' Chruinne-cè. Tha iad ag ionnsachadh mu atharrachadh gnàth-shìde mar phròiseas nàdarrach ann an tìm cho math ri buil gnìomhachd dhaoine. Tro cheangalan ri ionnsachadh co-obrachail air cruth-tìre, aimsir agus gnàth-shìde ann an cuspairean sòisealta, tha iad a' faighinn dealbh aonaichte de nàdar fiùghantach a' Chruinne-cè.</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh mar a dh'atharraicheas uisge bho aon chruth gu cruth eile, 's urrainn dhomh mo thoraidhean a cheangal ri eòlasan làitheil beatha.</p> <p style="text-align: right;">SCN 0-05a / SCN 1-05a</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air mar a dh'atharraicheas staid uisge a chur an cèill, airson mo chuideachadh le na pròiseasan a tha an lùib na cuairt uisge ann an nàdar thar ùine a thuigsinn.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-05a</p>	<p>Le bhith a' cur ri deuchainnean agus rannsachaidhean, 's urrainn dhomh mo thuigse mu mhodailean stuth a thoirt air adhart, agus is urrainn dhomh seo a chur an cèill a thaobh atharrachaidhean staid agus an lùth a tha an lùib sin, fhad 's a tha iad a' gabhail àite gu nàdarrach.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-05a</p> <p>'S urrainn dhomh cuid de na pròiseasan, a tha a' cur ri atharrachadh gnàth-shìde a mhìneachadh, agus deasbad air a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig atharrachadh àileach air soirbheachadh nithean a tha beò.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-05b</p>	<p>Thug mi air adhart mo thuigse mun mhodail ghluaiseach de ghas. 'S urrainn dhomh iomradh a thoirt air na dàimhean gnèitheach eadar bruthadh, tomhas-lionaidh agus teòthachd ghasan.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-05a</p> <p>Tro rannsachadh na cuairt carboin, 's urrainn dhomh na pròiseasan a tha an lùib a bhith a' cumail suas cothromachadh ghasan san èadhar a mhìneachadh, a' beachdachadh air adhbharan agus air buaidhean atharrachaidh anns a' chothromachadh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-05b</p>	

An Talamh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Fànas</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' leasachadh an tuigse air suidheachadh a' Chruinne-cè san domhain, fhad 's a tha iad a' leasachadh mothachadh air ùine agus sgèile. Tha iad a' leasachadh an tuigse mu mar a dh'atharraich ar fiosrachadh mun domhain thar ùine. Tha iad a' sgrùdadh bheachdan a thaobh rannsachadh fànais san àm ri teachd, agus ach a bheil beatha ann taobh a-muigh na Talmhainn.</p>	<p>Bha iongnadh orm a' smaoinichadh mu mheudachd an adhair, agus aithnichidh mi a' ghrian, a' ghealach agus na reultan, agus an ceangal a tha aca ri pàtrain beatha làitheil.</p> <p>SCN 0-06a</p>	<p>Le bhith gu sàbhailte ag amharc agus a' clàradh na grèine agus na gealaich aig diofar amannan, 's urrainn dhomh iomradh a thoirt air am pàtrain gluasaid agus air an atharrachaidhean thar ùine. 'S urrainn dhomh iad sin a cheangal ri fad latha, mìos agus bliadhna.</p> <p>SCN 1-06a</p>	<p>Le bhith ag amharc agus a' rannsachadh feartan de ar siostam grèine, 's urrainn dhomh modailean simplidh a chleachdadh airson bruidhinn mun tuigse a thaobh meud, sgèile, ùine agus gluasad dàimheach an taobh a-staigh den t-siostam.</p> <p>SCN 2-06a</p>	<p>Le bhith a' cleachdadh m' eòlais mu ar siostam grèine agus mu fheumalachdan bunaitich nithean a tha beò, 's urrainn dhomh argamaid reusanta a dhèanamh mu choltas beatha a bhith ann an àiteachan eile san domhain.</p> <p>SCN 3-06a</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh leasachaidhean a bha air an cleachdadh airson amharc no a' rannsachadh fànais, 's urrainn dhomh mar a tha ar n-eòlas air an domhain air fàs thar ùine fhoillseachadh.</p> <p>SCN 4-06a</p>

Fòrsaichean, dealan agus stuadhan

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Fòrsaichean</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh an toiseach a' leasachadh tuigse mu mar a dh'fhaodas fòrsaichean cumadh no gluasad nì atharrachadh. Tha iad a' beachdachadh air an dà fhòrsa a' suathadh ann an nithean agus orrasan aig a bheil buaidh thar astar. Tha iad a' rannsachadh buaidhean suathaidh air gluasad, agus a' rannsachadh dhòighean air piseach a thoirt air èifeachdas ann an nithean gluasadach agus siostaman. Tha sgrùdadh air luaths agus luathachadh nì a' leantainn gu tuigse mun dàimh eadar gluasad agus na fòrsaichean. Tha seo co-cheangailte ri sàbhailteachd còmhhdhail. Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an tuigse mun bhun-bheachd co-cheangailte ri fòrsa agus ri dlùths flodradh.</p>	<p>Tro eòlas làitheil agus cluiche le measgachadh de dhèideagan agus nithean eile, 's urrainn dhomh fòrsaichean simplidh aithneachadh agus iomradh a dhèanamh air am buadhan.</p> <p style="text-align: right;">SCN 0-07a</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh fhòrsaichean air dèideagan agus nithean eile, 's urrainn dhomh buaidh air cumadh no air gluasad nithean ro-innse.</p> <p style="text-align: right;">SCN 1-07a</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh mar a tha suathadh, a' gabhail a-steach aghaidheachd èadhair, a' toirt buaidh air gluasad, 's urrainn dhomh dòighean a mholadh airson èifeachdas ann an nithean gluasadach a leasachadh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-07a</p>	<p>Le bhith a' cur ri rannsachaidhean mu chall lùth mar thoradh air suathadh, 's urrainn dhomh dòighean a mholadh airson èifeachdas ann an siostaman gluasadach a thoirt air adhart.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-07a</p>	<p>'S urrainn dhomh modhan freagarrach a chleachdadh airson astar nì a thomhas, obrachadh a-mach agus a shealltainn tro dhealbh, agus sealltainn mar a dh'fhaodas na modhan sin a bhith air an cleachdadh ann an iarrtas taghte.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-07a</p> <p>Le bhith a' dèanamh tomhaisean cuimseach air luaths agus luathachadh, 's urrainn dhomh gluasad nì a cheangal ri na fòrsaichean a tha ag obair air, agus an t-eòlas seo a chur an cèill ann an sàbhailteachd còmhhdhail.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-07b</p>
			<p>Le bhith a' rannsachadh nam fòrsaichean air an sparradh le clachan-iùil air clachan-iùil eile agus stuthan magnatach, 's urrainn dhomh cur ri dealbhadh geama.</p> <p style="text-align: right;">SCN 1-08a</p>	<p>Tha mi air co-obrachadh ann an rannsachaidhean airson coimeas a dhèanamh eadar fòrsaichean magnatach, fòrsaichean stad-dealanach agus fòrsaichean tarraing, agus rannsaich mi mu am feuman practaigeach.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-08a</p>	<p>Tha mi air co-obrachadh ann an rannsachaidhean mu bhuidhean tarraing air nithean, agus 's urrainn dhomh ro-innse dè dh'fhaodadh tachairt do an cuideam ann an diofar shuidheachaidhean air an Talamh agus ann am fànas.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-08a</p>

Fòrsaichean, dealan agus stuidhan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Fòrsaichean (a' leantainn)			<p>Le bhith a' rannsachadh flodradh agus grunnachadh nithean ann an uisge, 's urrainn dhomh mo thuigse mu fhlodradh a chur an cèill airson dùbhlàn practaigeach fhuasgladh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-08b</p>		<p>Tro fheuchainn, 's urrainn dhomh flodraddh agus grunnachadh a mhìneachadh, a thaobh dlùths dàimheach nan diofar stuthan.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-08b</p>

Fòrsaichean, dealan agus stuidhan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Dealan</p> <p>Tha eòlas luchd-ionnsachaidh air dealan a' tòiseachadh le fiosrachadh mu mar a chleachdar e gu sàbhailte, agus tha an taobh seo air ath-dhaingneachadh rè an ionnsachaidh. Tha iad a' toirt air adhart an tuigse mu dhealan mar mheadhan air lùth aiseag, le bhith a' rannsachadh chuidhean agus a' togail cheallan ceimigeach. Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an tuigse mu chuidhean sreathach agus co-shìnte agus mu cho-phàirtean dealanach agus eileagtronaigeach, agus a' cur an eòlais an cèill ann am pròiseas dealbhaidh, togail, deuchainn agus leasachaidh.</p>	<p>Tha fios agam ciamar a bhios mi sàbhailte nuair a bhios mi a' cleachdadh dealan. Chuidich mi le taisbeanadh a dhèanamh airson cudromachd dealain nar beatha làitheil a shealltainn.</p> <p>SCN 0-09a</p>	<p>'S urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air cuairt dhealanach, mar lùb leanailteach de stuthan giùlaineach. 'S urrainn dhomh co-phàirtean simplidh a chur còmhla ann an cuairt shreathach airson gèam no modal a dhèanamh.</p> <p>SCN 1-09a</p>	<p>Chleachd mi raon de cho-phàirtean dealanach, airson cuideachadh le measgachadh de chuidhean a dhèanamh airson diofar adhbharan. 'S urrainn dhomh mo chuidhean a riochdachadh, a' cleachdadh shamhlaidhean agus a' dèanamh iomradh air aiseag an lùth timcheall na cuairt.</p> <p>SCN 2-09a</p>	<p>An dèidh sruth-dealain agus bholtoids a thomhas ann an cuairtean sreathach agus co-shìnte, 's urrainn dhomh cuairt a dhealbhadh airson buannachdan chuidhean co-shìnte a shealltainn, gan cur an sàs bho latha gu latha.</p> <p>SCN 3-09a</p>	<p>Tro rannsachadh, tha mi a' tuigsinn a' cheangail eadar sruth-dealain, bholtoids agus aghaidheachd. 'S urrainn dhomh an t-eòlas seo a chur an cèill airson ceistean practaigeach fhuasgladh.</p> <p>SCN 4-09a</p> <p>Le bhith a' cur ri rannsachaidhean fheartan ann an raon de cho-phàirtean eileagtronaigeach, 's urrainn dhomh an taghadh agus an cleachdadh mar innleachdan cur-a-steach agus cur-a-mach ann an cuairt phractaigeach eileagtronaigeach.</p> <p>SCN 4-09b</p> <p>A' cleachdadh m' eòlais air co-phàirtean eileagtronaigeach agus air innleachdan suidseadh, 's urrainn dhomh cuideachadh le siostam eileagtronaigeach innleachadh airson fhuasgladh practaigeach fhaighinn air suidheachadh fìor.</p> <p>SCN 4-09c</p>

Fòrsaichean, dealan agus stùdhan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Dealan (a' leantainn)			<p>Gus tòiseachadh a' tuigsinn mar a tha bataraidhean ag obair, 's urrainn dhomh cuideachadh le ceallan sìmplidh ceimigeach a dhèanamh, a' cleachdadh stuthan a tha furasta am faotainn, agus a dh'fhaodar a chleachdadh airson goireas a chur a dh'obair.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-10a</p>	<p>'S urrainn dhomh cuideachadh le ceallan sìmplidh ceimigeach a dhealbhadh, agus an cleachdadh airson na feartan aig a bheil buaidh air an bholtaid a tha ga dhèanamh a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-10a</p>	<p>A' cleachdadh fianais dheuchainneach, 's urrainn dhomh meatailtean a chur ann an sreath dealan-ceimigeach agus am fiosrachadh seo a chleachdadh airson ro-innse a dhèanamh mun cleachdadh ann an ceallan ceimigeach.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-10a</p> <p>A' cleachdadh measgachadh de bhunan, 's urrainn dhomh na leasachaidhean as ùire ann an teicneòlas cheallan ceimigeach a chleachdadh, agus 's urrainn dhomh a' bhuidh a th' aca air a' choimhearsnachd a luachadh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-10b</p>

Fòrsaichean, dealan agus stuadhan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Luasgain agus stuadhan</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh nàdar fuaim, solas agus rèididheachdan anns an speactram eileagmagnatach. Tha iad a' cleachdadh ionnsramaidean ciùil airson an ceangal eadar luasgain agus na fuaimean a thig asta, a thomhas. Tha iad a' toirt air adhart an tuigse mu fheartan solais agus chruthan eile de rèididheachdan eileagmagnatach. Tha iad a' rannsachadh a' cheangail eadar diofar stuadhan agus an àrainneachd agus mar a bhios sinn a' dèanamh feum dhiubh ann an slàinte, eòlas-leigheis agus conaltradh.</p>	<p>Tro chluiche, rannsaich mi measgachadh de dhòighean air fuaimean a dhèanamh.</p> <p>SCN 0-11a</p>	<p>Le bhith a' co-obrachadh ann an deuchainnean mu dhiofar dhòighean air fuaim a dhèanamh bho luasgain, 's urrainn dhomh sealltainn mar a dh'atharraicheas mi àirde an fhuaim.</p> <p>SCN 1-11a</p>	<p>Tro rannsachadh air mar a bhios beathaichean a' conaltradh, 's urrainn dhomh mineachadh mar a tha luasgain fuaim air an giùlan le stuadhan tro èadhar, uisge agus mheadhanan eile.</p> <p>SCN 2-11a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh sgàilean, cruthachadh fhaileasan agus measgachadh air solais dhathte, 's urrainn dhomh m' eòlas air feartan solais a nochdadh, agus mar a ghabhas iad an cleachdadh ann an dòigh chruthachail.</p> <p>SCN 2-11b</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh bristeadh solais nuair a bhios e air a chur tro dhiofar stuthan, lionsan agus phriosaman, 's urrainn dhomh mineachadh mar a ghabhas solas a bhith air a chleachdadh ann am measgachadh de shuidheachaidhean.</p> <p>SCN 3-11a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh rèididheachdan thar nithean a chithear, 's urrainn dhomh innse mu shuidheachadh cleachdaidh sònraichte, a' bruidhinn mu na buannachdan agus na h-anacothroman.</p> <p>SCN 3-11b</p>	<p>Le bhith a' clàradh agus a' mion-sgrùdadh comharran fuaim, 's urrainn dhomh innse mu mar a dh'fhaodas iad a bhith air an obrachadh agus air an cleachdadh ann an innleachadh fuaim.</p> <p>SCN 4-11a</p> <p>Le bhith a' dèanamh coimeas eadar feartan phàirtean den speactram eileagmagnatach thar na chithear, 's urrainn dhomh feum rèididheachd a mhìneachadh agus bruidhinn mu mar a tha seo air buaidh a thoirt air a' choimhearsnachd agus air gnè ar beatha.</p> <p>SCN 4-11b</p>

Siostaman bith-eòlasach

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Siostaman bodhaig agus ceallan</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an eòlais agus an tuigse mu structar agus obrachadh bhall bodhaig, a' gabhail a-steach nan ciad-fàthan. Tha iad ag ionnsachadh mu cheallan mar aonadan bunaiteach na beatha, agus mar a tha iad air an eagrachadh airson siostaman eòlach bodhaig a chruthachadh. Tro amharc, rannsachadh agus sgrùdadh practaigeach, bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh cunnart agus buaidh meanbh-fhàs-bheairtean air slàinte, agus an uair sin air pròiseasan gnìomhachasail. Tha iad a' cur eòlas air cleachdadh teicneòlais ann an sgrùdadh slàinte, agus ann am feabhas a thoirt air gnè beatha, agus a' leasachadh bheachdan fiosraichte mu bhuilean moralta agus beusanta obrachaidhean bith-eòlasach connspaideach.</p>	<p>Tha mi mothachail air mo bhodhaig a' fàs, agus tha mi ag ionnsachadh nan ainmean ceart airson nan diofar phàirtean dhith, agus mar a tha iad ag obair.</p> <p>HWB 0-47b</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh, 's urrainn dhomh innse mu shuidheachadh agus obrachadh a' chnàimhnich agus nam prìomh bhuill ann am bodhaig an duine. 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na dh'fheumas mi a dhèanamh airson an cumail fallain.</p> <p>SCN 1-12a</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh cuid de na siostaman bodhaig agus nan trioblaidean a dh'fhaodadh am bualadh, 's urrainn dhomh co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh airson mo chuideachadh mu mo shlàinte agus mo shunnd a chumail suas.</p> <p>SCN 2-12a</p>	<p>Rannsaich mi structar agus obrachadh nam ball-bodhaig agus an siostaman, agus 's urrainn dhomh seo a cheangal ris na pròiseasan bunaiteach bith-eòlasach a dh'fheumar airson taic a chur ri beatha.</p> <p>SCN 3-12a</p>	<p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha gnìomhan bith-eòlasach a bhios a' gabhail àite ceangailte ri atharrachaidhean bhon taobh a-muigh agus bhon taobh a-staigh ag obair, airson taic a chur ri suidheachadh seasmhach bodhaig.</p> <p>SCN 4-12a</p>
	<p>'S urrainn dhomh mo chiad-fàthan aithneachadh, agus an cleachdadh airson an saoghal mun cuairt orm a rannsachadh.</p> <p>SCN 0-12a</p>	<p>Rannsaich mi mo chiad-fàthan, agus 's urrainn dhomh bruidhinn mu an earbsachd agus an crìochan a rèir na h-àrainneachd.</p> <p>SCN 1-12b</p>	<p>Rannsaich mi structar agus obrachadh nam ball ciad-fàth, airson leasachadh mo thuigse mu gnìomhan bodhaig mu choinneamh shuidheachaidhean bhon taobh a-muigh.</p> <p>SCN 2-12b</p>	<p>Rannsaich mi àite teicneòlais ann an sgrùdadh air slàinte, agus ann a bhith a' toirt piseach air gnè beatha.</p> <p>SCN 3-12b</p>	<p>Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh mìneachadh mar a tha atharrachaidhean ann an giùlan, mar thoradh air gluasad bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh, nam buannachd do shoirbheachadh ghnèithean.</p> <p>SCN 4-12b</p>
		<p>Tha fios agam mu chomharran cuid de na galaran cumanta a thachras air sgàth bhitheagan. 'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha iad air an sgaoileadh agus bruidhinn mu mar a tha cuid de dhòighean, airson bacadh agus dèiligeadh ri galaran nam buannachd don chomann shòisealta.</p> <p>SCN 1-13a</p>	<p>Tha mi air cur ri rannsachaidhean a thaobh àite nam meanbh-fhàs-bheairtean ann a bhith a' toirt cuid de stuthan gu buil agus gam briseadh sìos.</p> <p>SCN 2-13a</p>	<p>A' cleachdadh maicreasgop, leasaich mi mo thuigse mu structar agus measgachadh cheallan agus am feuman.</p> <p>SCN 3-13a</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh roinneadh cheallan, 's urrainn dhomh àite a mhìneachadh ann am fàs agus càradh, agus 's urrainn dhomh bruidhinn mu mar a ghabhas cuid de cheallan a bhith air an cleachdadh airson leigheas</p> <p>SCN 4-13a</p>
				<p>Tha mi air cur ri rannsachaidhean mu dhiofar sheòrsaichean mheanbh-fhàs-bheairtean, agus 's urrainn dhomh mìneachadh mar a ghabhas smachd a chumail air am fàs.</p> <p>SCN 3-13b</p>	<p>Tha mi air pàirt a gabhail ann an gnìomhan practaigeach sa bheilear a' cleachdadh bheirmearan agus mheanbh-fhàs-bheairtean airson mo thuigse a thoirt air adhart mu am feartan agus mu am feum ann an gnìomhachasan.</p> <p>SCN 4-13b</p>

Siostaman bith-eòlasach (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Siostaman bodhaig agus ceallan (a' leantainn)				Rannsaich mi mar a tha a' bhodhaig ga dìon fhèin an aghaidh galar, agus 's urrainn dhomh innse mu mar a dh'fhaodas banachdach dìon a chur air a' bhodhaig. SCN 3-13c	'S urrainn dhomh bruidhinn mu na cùisean moralta agus beusanta co-cheangailte ri cuid de mhodhan bith-eòlasach connspaideach. SCN 4-13c

Siostaman bith-eòlasach (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Dualchas</p> <p>A' tòiseachadh le amharc air ionannachdan agus diofaran eadar daoine fa leth, tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an tuigse mu mar a tha meanbh-fhàs-bheairtean a' leasachadh agus a' cur air adhart fiosrachadh ginteil gun ath ghinealach. Tha iad a' tòiseachadh a' leudachadh an eòlais air gintinneachd agus air àite DNA, agus a' sgrudadh cheistean moralta agus beusanta a bhios ag èirigh à leasachaidhean teicneòlasach.</p>	<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil ionannachdan agus diofaran annainn, ach gu bheil sinn uile nar daoine air leth.</p> <p>HWB 0-47a</p>	<p>Le bhith a' dèanamh coimeas eadar ginealaichean theaghlaichean daonna, phlantrais agus bheathaichean, 's urrainn dhomh tòiseachadh a' tuigsinn mar a tha trèithean a' tighinn bho dhualchas.</p> <p>SCN 1-14a</p>	<p>Le bhith a' rannsachadh nan cuairtean beatha aig plantrais agus beathaichean, 's urrainn dhomh na diofar ìrean leasachaidh aithneachadh.</p> <p>SCN 2-14a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh nan trèithean a bhios sliochd a' faighinn bhon dualchas nuair a bhios nithean a tha beò a' gineadh, 's urrainn dhomh eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar trèithean a tha a' tighinn bhon dualchas agus trèithean nach eil.</p> <p>SCN 2-14b</p>	<p>Tha mi a' tuigsinn phròiseasan torachaidh agus leasachadh tùs-ghinean, agus 's urrainn dhomh bruidhinn mu chunnartan a dh'fhaodadh a bhith a' beantainn ri tùs-ghinean.</p> <p>SCN 3-14a</p> <p>Tha mi air DNA a tharraing agus tha mi a' tuigsinn feum DNA. 'S urrainn dhomh beachd fiosraichte a thoirt air na cunnartan agus air na buannachdan a tha an lùib a bhith a' cunntas DNA.</p> <p>SCN 3-14b</p>	<p>Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh coimeas agus eadar-dhealachadh a dhèanamh mu mar a tha diofar fhàs-bheairtean a' fàs agus a' leasachadh.</p> <p>SCN 4-14a</p> <p>Tro luachadh raon de dàta, 's urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar gintinn gnèitheach agus neo-ghnèitheach, agus an cudromachd a thaobh soirbheachadh gnè a mhìneachadh.</p> <p>SCN 4-14b</p> <p>'S urrainn dhomh mo thuigse a chleachdadh mu mar a tha trèithean air an sealbhachadh bhon dualchas airson ceistean sìmplidh ginteil fhuasgladh, agus sin a cheangal ri mo thuigse mu DNA, ginean agus cromosoman.</p> <p>SCN 4-14c</p>

Stuthan

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Feartan agus feuman stuthan</p> <p>Le bhith a' rannsachadh nam feartan ann an diofar stuthan agus mar a ghabhas iad an atharrachadh, bidh luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an tuigse mean air mhean mun cheangal eadar structar agus feartan. Tha iad a' rannsachadh leasachadh air stuthan ùra anns a bheil feartan feumail, agus a' tòiseachadh air feartan corporra agus ceimigeach a cheangal ri modalan le structar atamach. Tha luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh air samhlaidhean agus foirmlean ceimigeach a chleachdadh mar dhòigh air bruidhinn mu eileamaidean agus choimeasgaidhean.</p>	<p>Tro chluiche chruthachail, tha mi a' rannsachadh diofar stuthan agus 's urrainn dhomh mo reusanachadh a mhìneachadh mu thaghadh de stuthan airson diofar adhbharan.</p> <p style="text-align: right;">SCN 0-15a</p>	<p>Tro rannsachadh fheartan agus bhunan stuthan, 's urrainn dhomh stuthan freagarrach a thaghadh airson dùbhlain phractaigeach fhuasgladh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 1-15a</p>	<p>Le bhith a' cur ri rannsachaidhean air atharrachaidhean eòlach ann an stuthan airson stuthan eile a thoirt gu buil, 's urrainn dhomh innse mar a tha an trèithean air atharrachadh.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-15a</p>	<p>Thug mi air adhart m' eòlas a thaobh a' Chlàir Ùinich, le bhith a' smaoinachadh mu fheartan agus fheuman measgachadh de dh'eileamaidean dàimheach a rèir an suidheachaidhean.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-15a</p> <p>An dèidh cur ri measgachadh de ghnìoman practaigeach airson coimeasgaidhean a dhèanamh agus a bhriseadh sìos, 's urrainn dhomh innse mu eisimpleirean air mar a tha feartan choimeasgaidhean diofraichte bho an eileamaidean bun-stèidheachail.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-15b</p>	<p>Tro thuigse fhaighinn mu structar ataman agus mar a tha iad a' ceangal ri chèile, 's urrainn dhomh tòiseachadh air ceangal feartan stuthan ri na structaran a dh'fhaodadh a bhith orra.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-15a</p>
			<p>'S urrainn dhomh ro-innse a dhèanamh agus a dheuchainn, mu theann-stuthan a' leaghadh ann an uisge, agus 's urrainn dhomh mo thoraidhean a cheangal ris an t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p style="text-align: right;">SCN 1-16a</p>	<p>Tha mi air pàirt a ghabhail ann an gnìomhan practaigeach, airson measgachaidhean sìmplidh stuthan a sgaradh, agus 's urrainn dhomh mo thoraidhean a cheangal rim eòlas làitheil.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-16a</p>	<p>'S urrainn dhomh diofar a dhèanamh eadar stuthan fìor-ghlan agus measgachaidhean a thathar a' cleachdadh gu tric, agus 's urrainn dhomh modhan freagarrach fìsiceach a thaghadh airson measgachaidhean a sgaradh nan co-phàirtean.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-16a</p>

Stuthan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Feartan agus feuman stuthan (a' leantainn)			<p>Tro bhith a' rannsachadh shuidheachaidhean cumanta a tha a' meudachadh na tha ann de stuth a leghas, no luaths an leghaidh, 's urrainn dhomh mo thoraidhean a cheangal ris an t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p>SCN 2-16b</p>	<p>Tha mi air pàirt a ghabhail ann an rannsachaidhean practaigeach air so-sgaoilteachd, a' cleachdadh diofar lionn-sgaoilidh, agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaich mi a chur an cèill airson ceistean practaigeach làitheil fhuasgladh.</p> <p>SCN 3-16b</p>	<p>Tro luachadh bhuilean deuchainneach, 's urrainn dhomh mo thuigse mu chaomhnadh tomad a shealltainn.</p> <p>SCN 4-16b</p>

Stuthan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Stuthan na Talmhainn</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart an eòlais agus an tuigse mu stuthan a tha a' dèanamh suas uachdar na Talmhainn. Thathar a' rannsachadh fheartan, fheuman agus mhodhan tarraing mu a leithid sin de stuthan. Tha cothroman ann airson deasbad air cudromachd choimeasgaidhean càrboin, a thàinig bho ola neo-ghrinnichte, do ar beatha.</p>		<p>Is urrainn dhomh gnìomh iomchaidh a choileanadh gus dèanamh cinnteach gum bi stuthan agus stòrasan air an gleidheadh le sùil air a' bhuidhe aig na gnìomhan agam air an àrainneachd.</p> <p>TCH 1-06a</p>	<p>An dèidh na stuthan a tha a' dèanamh suas uachdar na Talmhainn a rannsachadh, 's urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar cuid de am feartan agus am feuman.</p> <p>SCN 2-17a</p>	<p>Tro luachadh raon de dhàta, 's urrainn dhomh innse mu eagar, feartan agus feuman ùirean, mèinnirean agus seòrsaichean cloiche bunasach.</p> <p>SCN 3-17a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an gnìomhan practaigeach airson stuthan feumail a tharraing à goireasan nàdarraich.</p> <p>SCN 3-17b</p>	<p>Rannsaich mi mar a dh'fhaodar diofar stuthan a ghinteadh bho ola neo-ghrinnichte, agus mu am feuman. 'S urrainn dhomh mìneachadh cho cudromach 's a tha coimeasgaidhean càrboin nar beatha.</p> <p>SCN 4-17a</p>

Stuthan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Atharrachaidhean ceimigeach</p> <p>Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart tuigse mu atharrachaidhean ceimigeach, mean air mhean. Tha iad a' smaoinichadh mu phròiseasan a tha a' gabhail àite san àrainneachd agus san obair-lann, agus a' toirt air adhart an tuigse mun bhuaidh àrainneachdail co-cheangailte ri cuid de dh'atharrachaidhean. Tha iad a' leudachadh an tuigse air atharrachaidhean lùth ann an iom-obrachaidhean ceimigeach, agus cuid de na feartan aig a bheil buaidh air luaths nan iom-obrachaidhean. Tha luchd-ionnsachaidh a' toirt air adhart a bhith a' cleachdadh nan ainmean ceimigeach, foirmlean agus co-aontaran mar dhòigh air fiosrachadh a ghiùlain mu atharrachaidhean ceimigeach.</p>			<p>Rannsaich mi diofar shampallan uisge bhon àrainneachd, agus rannsaich mi modhan a dh'fhaodar a chleachdadh airson uisge a ghlanadh agus a ghleidheadh, agus tha mi mothachail air feartan agus air feuman uisge.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-18a</p>	<p>An dèidh pàirt a ghabhail ann an gnìomhan practaigeach airson coimeas a dhèanamh eadar feartan shearbhagan agus bhunaitean, tha mi air dòighean a shealltainn mu thomhais agus rèiteachadh pH, agus 's urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air cudromachd pH sa bheatha làitheil.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-18a</p>	<p>'S urrainn dhomh sùil a chumail air an àrainneachd tro bhith a' cruinneachadh agus a' sgrùdadh shampallan. 'S urrainn dhomh an toradh a mhìneachadh gus innse do dhaoine eile mu irean truailidh agus 's urrainn dhomh beachd fiosraichte a thoirt seachad mu mar a dh'fhaodas saidheans cuideachadh le dìon na h-àrainneachd.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-18a</p>
			<p>Tha mi air co-obrachadh ann an gnìomhan a tha a' taisbeanadh iom-obrachaidhean sìmplidh ceimigeach gu sàbhailte. 'S urrainn dhomh mo thuigse mu iom-obrachadh ceimigeach, mar atharrachadh sa bheil diofar stuthan gan dèanamh, a shealltainn.</p> <p style="text-align: right;">SCN 2-19a</p>	<p>Tro dheuchainnean, aithnichidh mi comharran iom-obrachadh ceimigeach. 'S urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air dòighean airson smachd a chumail air luaths iom-obrachaidhean agus 's urrainn dhomh mo thoraidhean a cheangal ris an t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-19a</p>	<p>'S urrainn dhomh dàta deuchainneach a thional agus a mhion-sgrùdadh, mu iom-obrachaidhean ceimigeach a tha a' tachairt ann an atharrachadh faicsinneach anns an lùth. 'S urrainn dhomh mìneachadh mo thoraidhean a chur an cèill airson cudromachd nan atharrachaidhean lùth, a tha co-cheangailte ri iom-obrachaidhean ceimigeach.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-19a</p>
				<p>Chuidich mi le dealbhadh agus coileanadh gnìomhan practaigeach airson mo thuigse mu iom-obrachaidhean ceimigeach le stuthan na Talmhainn a leudachadh. 'S urrainn dhomh mìneachadh mar a bhios sinn a' cur an cèill eòlas air na h-iom-obrachaidhean sin ann an dòighean practaigeach.</p> <p style="text-align: right;">SCN 3-19b</p>	<p>An dèidh raon de dheuchainnean, a' cleachdadh diofar cheimigean, a choileanadh, 's urrainn dhomh meatailtean a shuidheachadh ann an òrdugh iom-obrachaidh, agus mo thoraidhean a cheangal ri feuman làitheil.</p> <p style="text-align: right;">SCN 4-19b</p>

Saidheans sna naidheachdan

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
<p>Saidheans sna naidheachdan</p> <p>Le bhith a' beachdachadh air cùisean saidheans, tha luchd-ionnsachaidh a' sìor leudachadh an tuigse mu bhun-bheachdan saidheansail agus an comas air beachdan sòisealta, moralta agus beusanta a chruthachadh. Tha iad a' meòrachadh agus a' luachadh gu breithneachail mu riochdachadh mheadhanan air toraidhean saidheansail.</p>	<p>'S urrainn dhomh labhairt mu sgeulachdan saidheans airson mo thuigse mu shaidheans, agus mun t-saoghal mun cuairt orm, a thoirt air adhart.</p> <p>SCN 0-20a</p>	<p>Tha mi air cur ri còmhraidhean mu naidheachdan làithreach saidheans, airson cuideachadh lem mhothachadh mu shaidheans a leasachadh.</p> <p>SCN 1-20a</p>	<p>Tro rannsachadh agus còmhradh, tha tuigse agam mun chuideachadh a tha daoine fa leth a' dèanamh mu lorg agus tionnsgal saidheansail, agus mun bhuaidh a tha aig seo air a' choimhearsnachd.</p> <p>SCN 2-20a</p> <p>'S urrainn dhomh aithris mu, agus innse mu, naidheachdan làithreach saidheans airson m' eòlas agus mo thuigse mu shaidheans sna naidheachdan a thoirt air adhart.</p> <p>SCN 2-20b</p>	<p>Tha mi air co-obrachadh còmhla ri daoine eile airson fiosrachadh a lorg agus a shealltainn air mar a chuir luchd-saidheans à Alba agus an àitean eile ri rannsachadh agus leasachadh tionnsgalach.</p> <p>SCN 3-20a</p> <p>Tro rannsachadh agus bruidhinn, chuir mi ri luachadh anns na meadhanan, mu shusbaint shaidheansail agus bhuidhean bheusantach.</p> <p>SCN 3-20b</p>	<p>Rannsaich mi leasachaidhean ùra ann an saidheans, agus 's urrainn dhomh mineachadh mar a dh'fhaodas iad buaidh a thoirt air a' bheatha nua-aimsireil, gu làithreach no san àm ri teachd.</p> <p>SCN 4-20a</p> <p>An dèidh cùisean saidheansail le ùidh làithreach a thaghadh, 's urrainn dhomh mion-sgrùdadh breithneachail a dhèanamh air na cùisean, agus fiosrachadh buntainneach a chleachdadh airson argamaid fhiosraichte a dhèanamh.</p> <p>SCN 4-20b</p>